

Dreuchd:	Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra
Fo stiùir:	Ceannard
Àite:	Sùbailte
Cùmhnant:	Seasmhach
Tuarastal:	C1 (Tuarastal £48,930 – £61,006)
Uairean:	Làn-ùine

Co-theacsa

Tha Bòrd na Gàidhlig (BnG) na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'S e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach airson leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam na Gàidhlig.

'S e àrd-amas a' Bhùird gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh na h-Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Tha tòrr de dh'obair a' Bhùird co-cheangailte ri bhith a' dealbh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus a' cumail sùil air coileanadh a' phlana sin, cho math ri bhith a' cuideachadh le dealbh Phlanaichean Gàidhlig aig buidhnean eile agus a' sgrùdadh coileanadh nam planaichean sin.

Bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair gus Gàidhlig a chur air adhart ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach, com-pàirtichean lìbhrigidh agus coimhearsnachdan. 'S e cleachdadh, ionnsachadh agus cur air adhart na Gàidhlig na trì prìomh raointean leasachaidh sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, agus tha na cothroman is dùbhlain a thaobh sin air am mìneachadh gu soilleir ann.

Tha dleastanasan foghlaim reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Adhbhar na h-Obrach

Tha an dreuchd seo airson dèanamh cinnteach à dealbhadh ro-innleachdail, cleachdadh èifeachdach de ghoireasan, riaghladh math agus leasachadh leantainneach thar obair Bhòrd na Gàidhlig. Cuiridh an dreuchd gu ro-innleachdail ri stiùireadh agus obair BnG, a' dèanamh cinnteach gum faighear a' bhuidheann as motha bho ghoireasan, a' daingneachadh leasachadh leantainneach sa bhuidhinn agus dealbhadh ro-innleachdail a tha a' toirt a-steach pròiseasan stiùireadh cunnairt gus na toraidhean riatanach a libhrigeadh.

Tha na seirbheisean a' toirt a-steach ionmhas, solar, riaghladh, leasachadh leantainneach, dealbhadh gnìomhachais agus sgrùdadh coileanaidh, stiùireadh cunnairt agus dleastanasan reachdail corporra.

Mar àrd stiùiriche, bidh tuigse làidir agaibh mu na co-theacsan poilitigeach, foghlaim, sòisealta agus deamografach aig obair Bòrd na Gàidhlig agus obair buidhnean com-pàirteachaidh.

Stiùiridh sibh an sgioba corporra gus na prìomhachasan riaghlaidh a libhrigeadh mar a tha air am mìneachadh anns na Planaichean Corporra is Obrachaidh.

Bidh sibh ag obair còmhla ri buill eile de Sgioba Ceannardais Bhòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil dleastanasan reachdail, àrd-amasan agus ro-innleachdan BnG air an toirt gu buil.

Bheir sibh stiùireadh agus iùl ro-innleachdail do Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' leasachadh raon de phoileasaidhean agus dhòighean-obrach a' buntainn ri luach as fheàrr, ionmhas agus cùisean corporra. Obraichidh sibh cuideachd còmhla ris na com-pàirtichean libhrigidh againn gus dèanamh cinnteach gu bheil stòras iomchaidh aca gus ro-innleachdan agus poileasaidhean BnG a thoirt gu buil, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil buaidh maoineachaidh air ath-sgrùdadh agus air a leasachadh.

Prìomh Dhleastanasan

- Stiùireadh, dealbhadh, riaghladh agus co-òrdanachadh na h-obrach anns a' ghnìomhachd chorporra, gus dèanamh cinnteach gun tèid fiosrachadh agus seirbheisean sònraichte, fiosraichte aig àrd-inbhe a sholarachadh don bhuidhinn.
 - Ro-innleachd gnìomhachd chorporra a leasachadh, a bhuileachadh agus a choileanadh le bhith a' dearbhadh cunntachalachd, ag ath-sgrùdadh poileasaidhean agus phròiseasan, gan conaltradh agus gan cur an gnìomh, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' co-thaobhadh ri ro-innleachd fharsaing BnG agus a' dèanamh co-òrdanachadh iomchaidh leis na sgiobaidhean eile, a' cumail ris na cleachdaidhean as fheàrr.
 - Uallaichean corporra reachdail BnG a phlanadh agus a riaghladh, a' gabhail a-steach: ullachadh Plana Corporra BnG agus Planaichean Obrachaidh bliadhnail; tagraidhean mu sgrùdaidhean caiteachais agus toirt a-mach an Aithisg agus Cunntasan Bliadhnail.
 - Ro-innleachdan ionmhais a leasachadh le bhith a' cur fiosrachadh ionmhasail, anailis agus molaidhean ri smaoinachadh agus stiùireadh ro-innleachdail, a' stèidheachadh amasan obrachaidh a rèir amasan ro-innleachdail BnG.
 - Sùil a chumail agus comhairle a thoirt seachad air freagarrachd ghoireasan airson a' bhuidseit chunbhalach is buidseat a-muigh gus dèanamh cinnteach gum bi buidseatan air am buileachadh gu h-iomchaidh.
 - Easbhaidhean Ionmhais is Seirbheisean Corporra sam bith a chomharrachadh ann an deagh àm agus gus ceumannan ceartachaidh èifeachdach a mhìneachadh agus a bhuileachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil dòighean smachdachaidh ann gus siostaman ionmhais agus riaghlaidh a dhìon.
 - Dèanamh cinnteach à ullachadh, ro-innse, moladh, buileachadh agus aithris buidseit, a' toirt a-steach aithisgean agus anailis ionmhasail a tha a' gèilleadh ri SPFM.
 - Conaltradh le luchd-sgrùdaidh a-staigh agus a-muigh mar a dh'fheumar.
 - Raon-ùghdarrais nas fharsaing aig Seirbheisean Ionmhais is Corporra a stiùireadh, leithid Sgiobachd, ICT, rianachd agus Conaltradh (taobh a-staigh agus taobh a-muigh) a' toirt a-steach ceannardas agus riaghladh an sgioba chorporra
 - Uallach iomlan airson ro-innleachd conaltraidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne. Obair leis an sgioba conaltraidh gus dèanamh cinnteach gum bi iad a' dol an sàs le luchd-ùidh
-

a-staigh/a-muigh, a' cur air adhart obair na buidhne agus a' leasachadh raon farsaing de shianalan conaltraidh agus fios-air-ais èifeachdach.

- Dèanamh cinnteach à leasachadh leantainneach ann an solar seirbheis gus èifeachdas agus luach an airgid a chur am meud agus buileachadh Plana Leasachaidh na buidhne a bhrosnachadh.
- Comas ann an sgilean agus eòlas a leasachadh, tro dhealas a thaobh trèanadh is leasachadh luchd-obrach, gus cliù BnG a thogail mar bhuidheann 'fhiosraichte' agus mar bhuidheann èifeachdach.
- Comhairle a thoirt don Cheannard ann an leasachadh leantainneach nan raointean a tha fo uallach aige/aice gus taic a thoirt do amasan BnG.

Comasan, Eòlas is Teisteanasan

- Feumaidh tagraichean a bhith nan CCAB no nan cunntasair le teisteanas co-ionann
- Feumaidh teisteanas Disclosure Scotland, a chaidh a thoirt dhaibh san 12 mìos a chaidh seachad, a bhith aig tagraichean airson na dreuchd seo, no feumaidh e a bhith comasach dhaibh Teisteanas DS fhaotainn.

Sgilean	Cho riatanach 's a tha iad
Eòlas susbainteach air ionmhas san roinn phoblaich no obair ionmhais ionann	Riatanach
Comas air irean coileanaidh àrda a stèidheachadh dhuibh fhèin agus do chàch, agus sibh gan stiùireadh, gam brosnachadh agus a' toirt chothroman leasachaidh dhaibh, feuch an coilean iad an obair aca gu ìre àrd agus gun coilean iad amasan is dleastanasan reachdail Bhòrd na Gàidhlig. Earbsach le luchd-obrach, a' cruthachadh shuidheachaidhean gus sgiobaidhean misneachail èifeachdach a thogail a bheir cumhachd, luach, aithne agus brosnachadh do dhaoine.	Riatanach
Sgilean làidir ann am buaidh a thoirt air càch agus sàr sgilean labhairt/sgrìobhaidh/taisbeanaidh ann an Gàidhlig na h-Alba agus Beurla	Riatanach
Tuigse air riaghladh corporra agus comasach a bhuileachadh anns an roinn phoblaich, ann an ionmhas san roinn phoblaich agus ann a bhith a' coinneachadh ri riathanasan Riaghaltas na h-Alba.	Riatanach
Eòlas air a bhith a' stiùireadh atharraichean thairis air grunn bhuidhnean, no grunn roinnean, le fianais ann gun deach gu math leis na h-atharraichean a stiùir sibh.	Riatanach
Deagh sgilean ann an obair-compàirteachais gus dèanamh cinnteach gun tèid pròiseactan is builean a choileanadh, a' gabhail a-steach tro sheirbheisean taobh a-muigh treas pàrtaidh, tro shònrachadh, solar agus riaghladh sheirbheisean èifeachdach.	Riatanach

Litearra ann an Teicneòlas Fiosrachaidh	Riatanach
Obair leis na meadhanan gus teachdaireachdan adhartach a bhrosnachadh agus gus ar poileasaidhean agus gnìomhan a chonaltradh.	Na bhuannachd
Solarachadh san roinn phoblaich	Na bhuannachd
Cead-dràibhidh slàn na RA	Na bhuannachd

Fiosrachadh a bharrachd

Fo ur stiùir	Sgioba Corporra
Ìre Pàighidh is Tuarastal	Nuair a thòisicheas neach ann an dreuchd, mar as trice tòisichidh iad aig an ìre as ìsle san raon pàighidh, agus bidh cothrom aig daoine ann an dreuchdan stèidhichte air àrdachadh pàighidh fhaighinn gach bliadhna, a rèir poileasaidhean a' Bhùird.
Buannachdan:	Bidh gach neach-obrach le cùmhnant stèidhichte, no cùmhnant sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, a' dol nam ball de Sgeama Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd, leis an fhastaiche a' cur sùim luach 19.5% ris, mura h-iarr iad gun ballrachd a ghabhail. http://www.highlandpensionfund.org
Àite:	Faodar bruidhinn air càite am bi an dreuchd seo stèidhichte. Tha an luchd-obrach air fad ag obair bhon taigh an-dràsta agus leanaidh seo airson ùine.
Siubhal:	Mar phàirt den dreuchd seo, mar as tric bidh agaibh ri siubhal a dhèanamh ann an Alba.
Eile	Beachdaichidh Bòrd na Gàidhlig air tagraichean a tha ag iarraidh an dreuchd a ghabhail os làimh mar fho-fhastadh, a bharrachd air tagraichean a tha a' sireadh dreuchd leantainneach.